



H.M. 313.

b. a.

Scots p. 50





The Life of St. Columba.

BEATH-EACHDRAIDH
CHALUIM-CHILLE,

EEUD ABSTÒL NA GAIDHEALTACDH.

LE
ALASTAIR CAMARON,

SGRIOBHADAIR ANN AN LOCHNAMADADH, UGHDAIR
"EACHDRAIDH AN EILEIN SGIATHANAICH."

EDINBURGH:
D. GRANT, CORNER OF BANK STREET,
AND ALL BOOKSELLERS.

1871.

The Life of St. Columba.

BEATH-EACHDRAIDH
CHALUIM-CHILLE,

CEUD ABSTOL NA GAIDHEALTACDH.

LE
ALASTAIR CAMARON,
SGRIOBHADAIR ANN AN LOCHNAMADADH, UGHDAIR
“EACHDRAIDH AN EILEIN SGIATHANAICH.”

EDINBURGH: DUNCAN GRANT.

AND ALL BOOKSELLERS

1871.



LAURISTON CASTLE
LIBRARY ACCESSION

BEATH-EACHDRAIDH

CHALUIM-CHILLE.

RUGADH Calum-Cille, ann an Gartan, am mòr-roinn Dhonegal, an Eirinn, air an 7mh là do mhios dheireannaich na bliadhna A.D. 521. Bha athair, *Fedhlimid*, agus a mhàthair, *Aethnea*, le chéile do theaghlaichibh Rìoghail ann an Eirinn; agus, ann a bhi a' roghnachadh a' bhi 'n a Theachdaire an t-soisgeil air feadh Ghàidhealtachd agus Eileanan an Iar

na h-Alba, chuir Calum-Cille cùl, cha 'n e a mhain ri a dhùthaich, ach mar an ceudna ri crùn Rìoghail ; a' meas mar aoibhneas agus a chrùn e bhi 'namheadhoin air Pàganaich dhorcha a thoirt gu solus agus creidimh an t-soisgeil.

B' ainm baiste' dha, *Colm*, no *Calum*, focal a tha a' ciallachadh an eóin ghlain, mhaiseich, agus chiun sin, an *Calaman*; ach fhuair e an t-ainm *Calum-Cille*, airson an àireimh mhòir do dh' Eaglaisibh, no do Chilltean, a bha e 'n a mheadhoin air a thogail.

Chaidh a chur glé òg a dh' ionnsachadh, fo theagasg mhinisteirean cliuteach ; oir bha an soisgeul air teachd do dh' Eirinn mu cheud bliadhna roimh an àm sin. Bha

Calum-Cille cho dìchiollach, agus a bhuidhean cho mòr, 's gu 'n robh e ann an ùine ghèarr cho foghlumte ri a luchd-teagaisg; agus chuir aon dhiubh, an t-Easbuig Finian, air leth e gu bhi 'n a dheacon. Air ball thòisich e air searmonachadh. Chuir e air chois mòran eaglaisean, agus mar an ceudna oil-thighean, no tighean mhinisteirean, anns an robh e féin a' teagasg foghlumaich airson na ministreileachd, agus ministeirean òga, a bha mar bu tric do theaghlaichibh cothromach, air chor 's gu 'n robh e comasach dhoibh mòran deirc a thabhairt do na bochdaibh. Thàinig na tighean so ri ùine gu bhi air an gairm Tighean-Mhanach. Tha e air aithris gu 'n do thog Calum-Cille

tìgh dhiubh so ann an Doire, (*Londonderry*,) anns an robh mòr thlachd aige, agus gu'n robh ceud do na bochdaibh a faotainn beathachaidh anns an tìgh sin gach latha.

Bha Calum-Cille 'na bhàrd comh-arrichte ; agus sgrìobh e mòran do laoidhibh agus do dhàin ann an Laidinn agus ann an Gàelic, a tha 'cuid dhiubh fathast air sgeul.

Aig an àm sin, bha leabhraichean gu h-iomlan air an sgrìobhadh air meambrana, no craiceann-sgrìobhaidh, agus bha iad mar sin ro thearc agus luachmhor. Bha déidh mhòr aig Calum-Cille air leabhraichean, agus rinn e mòran siubhal, air sgàth leabhraichean fhaicinn, agus an ath-sgrìobhadh, a chuma bhi g'an craobh-

sgaoileadh. Tha e air iomradh gu 'n do sgrìobh e le laimh féin trì cheud àireamh do Shoisgeulabh an Tiomnadh-Nuaidh agus do Leabhar-nan-Salm.

Air do Chaluim-Chillea bhi air chuairt ag amharc air a sheann fhearteagaisg, ant-Aba Finian, ghabh e spéis mhòr do Leabhar-Salm le Finian, a bha air a ghleidheadh anns an eaglais aige ; agus chleachd e dol do 'n eaglais air feadh na h-oichdhe, a sgrìobhadh lethbhreac an leabhair air a shon fhéin. Air do dh' Fhianian so fhaotinn a mach, mheas e gu 'n robh an gnìomh eas-onorach, agus bha e diombach do Chaluim-Chille. Thagair e a choir féin air an Leabhar-Shalm a sgrìobh Calum-

Cille, ag ràdh, gu 'm be an *ath-sgrìobhadh* do leabhar mac a *phrìomh-leabhar*. Cha ghéilleadh Calum-Cille dha so; agus chaidh a chùis a thabhairt chum breith Rìgh Diarmaid, 'n a lùchairt ann an Tàra. 'N uair a chual an Rìgh a chùis, b' i a bhreth a thug e:—“*Le gach boin a boinin, le gach leabhar a leabhran.*” Cha robh Calum-Cille riaraichte leis a bhreth so. Chuir e gu cas na h-aghaidh, ag ràdh, gu 'n robh i eucorach, agus gu 'n dìoladh esan e féin air a son fhathast.

Beagan ùine an déigh so, chuir Rìgh Diarmaid gu bàs prionnsa òg a bha a gabhail còmhnuidh maille ri Calum-Cille, as leth an robh e air a chur air gu 'n do mharbh e duine, le tuiteamas. Dhùisg so corruich Cha-

luim-Chille ni bu mhò an aghaidh Dhiarmaid, agus mhaoidh e gu 'm faigheadh e a bhràithrean agus a chàirdean gu dìoghaltas a dheanamh air, leis a chlaidheamh. Dh' fhalbh Calum-Cille gu Tir-chonnell, a' cur ri chéile, agus a' seinn air a thurus, *Laoidh an Dòchais*. Chaidh an laoidh so eadar-theangachadh o 'n Ghàelic Eirionnaich agus a clo-bhualadh ann am Beurla. 'N uair a ràinig Calum-Cille a dhùthaich féin, dh' eirich a luchd-dàimh leis air ball, agus Rìgh Chonnaught, athair a phrionnsa a chaidh chur gu bàs. Thàinig iad an aghaidh Rìgh Diarmaid agus 'fheachd, agus chuir iad blàr aig Cùl-Dreimhne. Chaidh an làtha le cairdean Chàluim-Chille.

Tha an leabhar a bha 'na mhàthair-aobhar air an deasbaid fhuilteach ud r' a fhaicinn ann an Tigh-iongantais na Sgoil Rìoghail Eirionnaich,* anns an do chuireadh e, leis an Ridire O'Donnell. Bha an leabhar so trì cheud deug bliadhna ann an teaghlach urramaich Chlann Dòmhnuille (O'Donnell's), an Eirinn, agus rè mhìle bliadhna bha iad 'g a ghiùlan leo gu càth, 'a creidsinn gu 'n robh bhuaidh mhòr leis. Thugadh, mar so, an *Catach* mar ainm air an Leabhar-Shalm. Tha e air a sgrìobhadh ro ghrinn, air dà-fhichead agus a h-ochd-deug do dhuileagaibh craicinn, a tha air an ceangal le bannabh airgid.

* *The Museum of the Royal Irish Academy.*

Ge' do bhuadhaich Calum-Cille anns a chùis so, thàinig e gu bhi fo iomagain agus tròm thrioblaid inntinn airson e bhi 'n a mheadhon air cho mòr do fhuil a bhi air a dortadh. Rùnaich e fadheoidh, gu 'm fagadh e Eirinn, agus gu'n caitheadh e na bha roimhe d' a bheatha 'n a Theachd-aire-Soisgeulach a' measg Chinneach taobh an Iar na h-Alba. Dheón- uich dà fhear dheug do na foghlum- aich aig Calum-Cille falbh maille ris. Bha fear dhiubh so, *Mochonna*, prionnsa òg, mac Rìgh *Ulster*, a bha Calum-Cille a' toirt comhairle air, gun a phàrantan agus a dhùthaich fhàgail. Ach dhiult *Mochonna* fuir- each, a freagairt,—“Is e thusa m' athair, an Eaglais mo mhàthair, agus

's an aite an cruinnich mi am faogharadh 's mò do Chrìosd, mo dhùthaich."

Ann an a' bhliadhna A.D. 563, sheól Calum-Cille agus a chompanaich ann an curach á Eirinn; agus ràinig iad tìr, aig Port-a-Churaich ann an Eilean I, a bha roimhe sin fo ainm "Innis nan Druidhneach." Dhirich Calum-Cille an cnoc a b' àirde a bha 's an eilean, 's chunnaic e gu 'n robh e nisá sealladh na h-Eirinn, oir bha doghràdh aige do a dhùthaich, 's nach bitheadh e toilichte a bhi 'g a faicinn, gun a bhi innte. Thogadh càrn air mullach a chnoic so, ris an abrar fathast "Càrn cùl ri h-Eirinn." Rùnaich Calum-Cille a chòmhnuidh a dheanamh 'san eilean sin; agus fhuair e còir air an eilean o Chonal, Rìgh nan Scuite

(Scots), a bha 'na charaid dha. Tha e coltach gu 'n robh Brìd', Rìgh nam Pecht (Picts), a bha chòmhnuidh faisg air an aite am bheil baile Inbhirnìs, a' tagairt còir air Eilean I, mar an ceudna, oir tha cuid do luchd-eachdraidh ag aithris, 'n uair a dh' iompaicheadh Brìd' fo theagasg Chaluim-Chille, gu 'n d' thug e seilbh dha air Eilean I, agus gu 'n do chuir Calum-Cille, an uair sin, Tigh-Mhanach air chois 'san Eilean. Thog Calum-Cille agus a chompanaich an tigh so, anns a bliadhna 565, do dh' fhiodh 's do shlatan-caoil. Bha an Tigh-Mhanach a' co-sheasamh ann an tigh-aoraidh, no eaglais,—tigh-còmhnuidh airson nam foghlumach, no ministeirean,—agus tigh airson nan

coigreach. A' measg a chompanaich, rinn Calum-Cille roghainn do *Bhainthein* gu bhi 'na Chléireach dha, agus do Dhiarmaid gu bhi 'n a Mhinisteir dha; ach bha iad gu léir air an tabhairt gu bhi a' teagasg an t-sluaigh agus a' searmonachadh air tìr-mòragus anns na h-eileanaibh mu chuairt, faran do thog iad mòran thighean-aoraidh.

Tha iomadh sgeulachd air aithris mu Chalum-Chille dha nach urrainn sinn mòran creideis a thoirt; agus nach bi sinn a' toirt air adhairt anns an iomradh so,—ach gu'n robh e 'na dhuine comharraichte, agus ro fhreagarrach airson na h-oibre mòir a fhuair e ri dheanamh, cha 'n urrainnar àicheadh. Bha e seasmhach, suidhichte, gramail, agus treun, ann an co-

cheangal ri e bhi caoimhneil, aoidheil, suairce, agus uasal. Bha a thìodhl-acan agus a bhuadhan nàdurra sòn-ruichte. Bha 'fhoghlum ro àrd agus farsuing, agus bha e ro dheas agus cumhachdach ann an labhairt—

“ Is fìor, nach faigh am Focal buaidh,
A dh'aindeoin, achd an téid a luaidh,
Adh'easbhuidh cumhachd Dhé nan sluagh,
A bhi, 's an uair', 'g a chuideachadh.

“ Ach far 'n do chuir e roimhe féin
A bhi le 'shoisgeul deanamh feum,
'N sin bheir e deasachadh is gleus
Do 'n *Inneal* reir na h-oibre sin.”

Fhuair Calum-Cille, a bhàrr air gibhtibh nàdurra ro òirdheirc, tìodhl-aiice nì's ro luachmhoire an Spioraid agus tomhas ro phailt do ghràs Chaidh “ spiorad a' chumhachd, agus a' ghràidh, agus na h-inntinn fhall

ain” a bhuileachadh air gu ro shaoibhir. Bha a chridhe air a lìonadh le gràdh do Chrìosd, le eud airson a a ghlòire, agus le gràdh do anamaibh. Is e so a rinn a shearmonachadh cho drùidhteach ; agus a b’ aobhar air an t-soirbheachadh mhòr a bha leantail a shaothair lionmhor agus fharsuing. Bha a ghliocas agus a thuigse neo-chumhanta, agus a bhreitheanachadh ro gheur, air chor ’s gu ’n robh mòran a’ tighinn as gach cèarna a chur an comhairle ris, a thaobh staid an anama, no thaobh slighe ’n dleasdanas. Am measg nan Cinneach a bha chòmhnuidh ’s a’ Ghàeltachd, bha ’ùghdarrasmòr; agus air dha féin aithne bhi aig’, air a chosg, air luach na sìthe, bha e ’n a

mheadhon air sìth a dheanamh agus a chumail suaseadar Rìoghachd nan Scuiteach agus Rìoghachd nan Pecht. 'N a 'phearsa, bha Calum-Cille àrd, duineil, agus eireachdail. Bha a ghùth binn, agus laidir; air chor is gu 'n cluinnteadh e aig astar mòr. Bha e ro ghaolach air seinn nan Salm. Chluinnteadh gu poncail ann am Muile e, thairis air a chaolas, 'n uair a bhith-eadh e seinn nan Salm ann an I. Tha e air innseadh le a luchd-eachdraidh, aig aon àm, air do shagartan Drùidheil, agus Rìgh nam Pecht, ionnsuidh a thoirt air casgadh a chur air aoradh Chaluim-Chille, gu'n do sheinn e féin agus beagan do a bràithrean an cùig-eadh Salm thar dà fhichead, air dhoigh cho drùidhteach, 's gu'n robh

an Rìgh air a ghluasad gu domhain, agus dh'ion e Calum-Cille o na sagartaibh, 's ghabh e ris gu caoimhneil. Chaidh Rìgh Brìd' iompachadh fo 'eisdachd Chalum - Chille, agus bhaisteadh e leis. Marthoradh air so, bha e ro bhàigheil ri Calum-Cille, agus ri 'bhràithribh, agus thug e cead agus cuideachadh dhoibh airson searmonachadh air feadh a Rìoghachd ; agus tha e coltach gu 'n robh e féin 'a moladh a chreidimh Chrìosdail d' a shluagh. Aig cùirt an Rìgh so, choinnich Callum-Cille ri prionnsa Eileanan Arcaibh (*Orkneys*), agus mhol e dha *Cormac*, fear do 'fhoghlumaich, mar theachdair-soisgeulach, a bheireadh e do na h-eileanaibh sin. Bha Calum-Cille

agus a chompanaich ro shaoithr-eacheil am measg bheanntan agus ghleanntan na Gàeltachd, a craobhsgaoiladh an t-soisgeil. Bha iad mar an ceudna gu tric a seòladh air feadh nan Eileanan an Iar, a' searmonachadh, agus a' togail thighean-aoraidh anns gach eilean. Bha tlachd àraidh aige anns an Eilean Sgiathanach, àit' anns an deachaidh a shaothair gu mòr a bheannachadh. Tha cunntas air a thoirt, gu'n robh e latha a searmonachadh 's an eilan sin faisg air a chladach, 's gu 'n do glaodh e mach, " Mo chlann, chi sibh an diugh ceann-feadhna aosda, a chum rè a bheatha gu cùramach an lagh nadurra, a teachd gu 'bhi air a bhaisteadh agus gu bàsachadh." Air bàll, bha

bàta air a faicinn a tighinn a dh' ionnsuidh a chladaich, agus seann duine lag 'na toiseach,—ceann-cinne treubh anns an nàbachd. Ghiulain dithis do 'chompanaich suas e, chum a cho-thional, agus dh' éisd e le dùrachd ri teagasg Chaluim-Chille, a bha a' labhairt troimh eadar-theangair. 'N uair a chrìochnaiceadh an t-searmoin, dh' iarr an seann duine baisteadh. Chaidh a ghabhail a stigh do 'n eaglais Chrìosduidh tre ordugh a bhaistidh aig an àm sin féin; agus air bàll dh' eug e; 's chaidh 'adhacadh anns an dearbh ionad 's an robh an co-thional cruinn. Thachair so aig beul aimhne, a chaidh ainmeachadh uaithe sin, "*Tobar Artbranain.*" Bha eaglais agus Tigh-Manach air an

thogail le Calum-Cille, no a luchd-leanmhuinn, ann an eilean a bha ann an Loch Chaluim-Chille, an sgìreachd Chillmhoire, 's an Eilean Sgiathanach. Bha eaglais mar an ceudna air a h-ainmeachadh air, anna' Fladdachuain, 's an sgìreachd sin. Bha eaglais eile air a h-ainmeachadh air anns an eilean a tha ann an amhuinn Shnàsort. Be *Loch Chaluim-Chille* an t-ainm a bha air Loch Phort-rìgh, o chionn cheudan bliadhna, agus tha eilean anns an loch sin, ris an abrar fathast "I-Chaluim-Chille." Is ainneamh sgìreachd an Iar na h-Alba, nach eil ainm Chaluim-Chille, no fear da theachdairean, air a chumail air chuimhne ann an ainm eaglais, no cládh.



Bha Calum-Cille mar an ceudna saoitheacheil aig a' bhaile ann an I. Bhitheadh e a' teagasg na h-òige, 's ag uidheamachadh nam foghlumach air son dreuchd na ministreileachd. Bha e a' caitheamh mòran ùine ann an ùrnuigh, leughadh, agus sgrìobhadh. Bha e a' cur theachdairean soisgeulach, cha 'n e' mhain air feadh na h-Alba, ach mar an ceudna do Shasuinn, agus do chèarnaibh eile, do 'n robh eilean I-Chaluim-Chille 'n a h-àrd lòchran. "B' fhionnar an tobar do 'n uisge bheò a dh' fhosgladh 's an eilean uaig-neach sin, agus b' iocshlaint do dh' iomadh dùthaich thioraim, thart-mhoir, na sruthana fallain a bha 'sgaoileadh uaithe gu fada, farsuing."

Air latha na Sàbaid, an naoith-

eamh là do mhios mheadhonaich an t-samhruidh, 's a' bliadhna 597, anns an t-seachd bliadhna deug thar thrì fichead d' a aois, chrìochnaich Calum-Cille a thurus, agus chaidh a ghairm leis an Ard-Mhaighstir o shaothairibh lionmhor, chum suaimhneas sìorruidh. An latha roimh 'n oidhche a chaochail e, dhìrich e an cnoc os cionn a Chlachain, ann an I, ghabh e a chead do 'n eilean 's do na tighean-aoraidh, agus dh'fhàg e a bheannachd aig' a bhràithribh. Air dha' teachd a nuas, lean e air ath-sgrìobhadh Leabhair nan Salm, gus 'n do ràinig e meadhon an treas salm deug thar an fhichead, 'n uair a stad e; agus dh'ainmich e *Baithein* mar an neach a ghabhadh 'aite. Chuart-

aich e an sin an t-aoradh gnàthaichte anns an eaglais, 's thug e na h-àitheantan mu dheireadh do 'bhràithribh, a' guidheadh gu 'm bitheadh sìth agus gràdh ghnàtha' riaghladh 'n am measg. Aig meadhon-oidhche chaidh e a rìs do 'n eaglais a dh'ùrnuigh, 's fhuair eadh an sin e 'na shìneadh gun lùs, le Diarmad. Chruinnich a bhuidheann uile ma chuart da, a gul airson esan a bha 'na athair dhoibh a bhi nis a' bàsachadh. Dh'fhosgail e a shùilean 's dh'amhairc e orra le gràdh agus aoibhneas, an sealladh mu dheiradh. An sin dhùin e air an t-saoghal so iad, a chum am fosgladh ann an glòir. "Agus chuala mi guth o nèamh, ag ràdh rium, Sgrìobh, Is beannaichte na mairbh a gheibh bàs 'san Tighearn,

á so a mach : Seadh, tha an Spiorad ag ràdh, chum gu faigh iad fois o 'n saothair ; agus leanaidh an oibre iad.” (Taisb. xiv. 13.) “ Agus dealraidh iadsan a tha glic mar shoilleireachd nan speur ; agus iadsan a thionndaidheas mòran gu fireantachd mar na reultan, fad saoghal nan saoghal.” (Dan. xii. 3.) “ Aig Dia 's ro-phrìseil bàs a naomh.” (Salm cxvi. 15.)

“ Ach co an cridh' a bhreithnich e,
No 'n t-sùl a chunnaic riamh,
Mòr mheud is gnè an ulluchaidh,
D' a phobull féin rinn Dia !
Ach 's sona dhoibh 's is beannaicht iad
Fhuair aithne ghlan air Criosd :
Oir mealaidh iad, 'n a chomunn-san,
An sonas ud, gu sior !”

Chaidh an obair a thòisich Calum-Cille a ghiùlan air adhairt leis na

teachdairean a dh' fhàg e 'na dhèigh gu soirbheasach ; agus bha I-Chaluim-Chille fad linntean an deigh an ama sin 'n a cathair dhiadhachd, eòlais, agus foghlaim. Cha robh Calum-Cille air dhóigh's am bith fo riaghladh Eaglais na Ròimhe, a bha eadhon aig an àm sin a' toiseachadh air fàs truailidh ; agus fad cheudan bliadhna an dèigh a bhàis, bha ministeirean I-Chaluim-Chille dealaichte o 'n Eaglais sin, agus a dol fo 'n ainm *Cùil-dich*, a thugadh dhoibh do bhrìgh 's gu 'n robh an còmhnuidhean, mar bu trice, ann an àitibh uaigneach. Bha ministeirean ionnsaichte agus ainmeil a ghnàth a tàmh ann an I-Chaluim-Chille ; agus bha cruinneachadh mòr do leabhraichean luachmhor air an

gleidheadh ann an Tigh-nam-Manach, no Chathair-Chùildich, an sin. Bha cuid do rìghribh na h-Alba, 'Eirinn, agus Lochlainn, agus mòran do chinn-fheadhna Ghàidhealach air an adhlacadh 's an Eilean iomraiteach so. Tha e air aithris gu 'n dubhairt Calum-Cille, ùine bheag mu 'n do chaochail e,—

“ I mo chridhe, I mo ghràidh,
'An àit' guth Manaich bi'dh geum bà;
Ach mu 'n tig an saoghal gu crìch
Bi'dh I mar a bha.”

Thàinig a' cheud chuid do 'n fhàidh-eadaireachd so gu teachd; chaidh Cathair nan Cùildeacha chreachadh, 's thuit aineolas agus dorchadas air an Eilean sin, a bha 'n a lòchran a measg nan eileanán. Cha 'n eil e

mi-choltach nach eil coimhlioadh a chuid mu dheireadh do'n fhàidhead-aireachd air tòiseachadh. Tha I-Chaluim-Chille gach bliadhna a nis air a fiosrachadh le mìtibh as gach dùth-aich, a tha a' taghail a' choimhead air seann làraichibh a mòrachd. Maith a dh' fheudtadh, nach deachaidh na smaointean a dhuigear anns an innt-inn ann a bhi a' gluasad mu chuairt air ballachaibh briste eaglaisean I-Chaluim-Chille, agus air na leacan-lighe aosmhor fo'm bheil daoine a bha aon uair cumhachdach 'nan luidhe, a chur an cainnt ni's eireachd-aile, na mar a labhair an t-Olla *Johnson*, agus a tha air an eadar-theangachadh mar a leanas, ann an *Caraid nan Gàidheal*:—" Bha sinn

a nis 'n ar seasamh air an Eilean ainmeil sin, a b' àrd lòchran fad linn-tean, do Ghàidhealtachd na h-Alba —as an d'fhuaire Cinnich fhiadhaich agus ceathairne bhorba sochairean eòlais, agus beannachdan na saorsa. Cha bu chomasach, ged a dh'fheuchadh ris, an inntinn a thogail o na smaointibh a dhùisg an t-aite so, agus b' amaideach an oidhirp, ged a bhiodh e comasach, Ge b' e ni a thàirngeas air falbh sinn o chumhachd air ceud-fàithean; ge b' e ni a bheir do na shiubhail o chian, no do na tha fathast ri tachairt, làmh-an-uachdar air na tha a làthair, tha so ag àrdachadh ar n-inbhe mar bhithibh tuigseach. Gu ma fad uam-sa agus o m' chàirdibh an fheallsanachd

reòta sin a dh' aomadh mi gu gluasad gu caoin-shuarach, eutrom, thar aon àit' a dh' fhàgadh urramaichte le gliocas, le fearalas, no le maise. Cha chulaidh fharmaid an duine sin nach mothaicheadh a ghràdh d' a dhùthaich air a neartachadh air blàrcatha Mharatoin, no an cràbhadh nach blàthaicheadh' am measg làraichean briste I-Chaluim-Chille."

A' CHRIOCH.

X

